

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**\*SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Bacadh a chleachdadh: 23.00 Dimàirt 31/07/2012**

## **Gàidhlig aig teis meadhan chùisean ann an *Summer in the City***

Tha Bòrd na Gàidhlig air com-pàirteachas ùr ainmeachadh le companaidh Albannach a tha ainmeil airson cuirmean-ciùil is tachartasan, gus a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig aig prìomh thachartas ciùil ann an Inbhir Nis air a' mhìos seo.

Ag obair còmhla ri CK Events, bidh am Bòrd ag adhartachadh na Gàidhlig aig an tachartas ceithir-latha *Summer in the City*, a bhios a' ruith eadar 23mh agus 26mh Lùnastal le cuirmean-ciùil bho JLS, Status Quo, Runrig agus Jools Holland.

Tha am Ministear aig Riaghaltas na h-Alba airson Ionnsachadh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba, an Dr Alasdair Allan, air fàilte a chur air a seo. Thuirt e: “ 'S e sàr chothrom a tha seo airson Gàidhlig adhartachadh gu mòran luchd-èisteachd a bhios a' frithealadh nan cuirmean seo. Tha rannsachadh a' taisbeanadh gu bheil ùidh aig mòran ann an ionnsachadh a' chànain agus mar sin tha mi an dòchas gum bi làthaireachd Bhòrd na Gàidhlig aig *Summer in the City* a' gineadh barrachd ùidh agus a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig ann an Alba san àm ri teachd.”

A' sùileachadh suas ri 20,000 neach a bhith a' frithealadh an tachartais thar ceithir latha, tha e a' tairgsinn ruigsinneachd air àireamh mhòr de luchd-èisteachd agus cothrom air eadar-obrachadh le buidheann aoise fìor fharsaing. A thuilleadh air sanasachd mu fhoghlam Gàidhlig, ionnsachadh is cothroman teagaisg air an làraich fhèin, tha ionad fiosrachaidh ga chur air bhonn san làraich le sgioba ri làimh airson ceistean sam bith a fhreagairt a dh'fhaodadh a bhith aig luchd-frithealaidh na fèise a thaobh cothroman ionnsachaidh, foghlam agus teagasg Gàidhlig.

Thuirt Cathraiche Eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Ealasaid Nic an t-Saoir: “Tha an fhèis seo a' tairgsinn cothrom gun choimeas air a' chànain adhartachadh aig tachartas a tha a' tarraing nam mìltean de luchd-amharc bho air feadh an t-saoghail. Tha Runrig agus an cuid ciùil air mòran daoine a thàladh a-steach don Ghàidhlig, agus mar sin tha sinn air leth toilichte a leithid de dh'àrainneachd làidir Gàidhlig a

[www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



chruthachadh mu thimcheall aon de na cuirmean-ciùil aca agus an tàlant chliùiteach eile a bhios a' gabhail pàirt cuideachd. Tha sinn air leth taingeil do CK Events airson an cuideachaidh agus an taic ann an adhartachadh na Gàidhlig, agus thathar an dòchas gum bi an deireadh-seachdain fìor shoirbheachail do Phrìomh Bhaile na Gàidhealtachd agus don chànan."

Thuirte Les Kidger, Stiùiriche CK Events: " 'S e cothrom mìorbhaileach a tha seo don Ghàidhlig a bhith ag obair ann an co-nasg le ceòl air a' Ghàidhealtachd agus tha sinn toilichte ar taic a chur ris an seo aig tachartasan *Summer in the City* na bliadhna seo."

## DEIREADH

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Alasdair MacFhionghuin, Leasaiche Sheirbheisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu [alasdair@gaidhlig.org.uk](mailto:alasdair@gaidhlig.org.uk) no le fònadh 01463 225 454.**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**Embargo: 23.00 Tuesday 31/07/2012**

## **Gaelic takes centre stage at *Summer in the City***

Bòrd na Gàidhlig has announced a new partnership with a leading Scottish concerts and events company, to promote the Gaelic language at a major music event in Inverness this month.

Working with CK Events, the Bòrd will promote Gaelic at the 4 day, *Summer in the City*, which will run between the 23<sup>rd</sup> to the 26<sup>th</sup> of August with concerts from JLS, Status Quo, Runrig and Jools Holland.

The Scottish Government Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan welcomed the initiative. He said: "This is an excellent opportunity to promote Gaelic to a large audience of gig-goers. Research shows that many people are interested in learning the language, so I hope that Bòrd na Gàidhlig's involvement in Summer in the City generates additional interest, and helps ensure a sustainable future for Gaelic in Scotland."

With up to 20,000 people expected to attend the event over the 4 days, it offers access to a large audience and an opportunity to interact with a wide age group. As well as onsite advertising of Gaelic education, learning and teaching opportunities, an onsite information point is being set-up with a team on hand to answer any questions that festival goers may have on Gaelic learning opportunities, education and teaching.

Bòrd na Gàidhlig Interim-chair, Elizabeth McAtear said: "This festival offers a unique opportunity to promote the language at an event that is attracting thousands of spectators from across the world. Runrig and their music have enticed many people to Gaelic so we are delighted to create such a strong Gaelic environment around one of their concerts and the other famous talent that will also be taking part. We are most grateful to CK Events for their help and their support in promoting Gaelic, and hope the weekend is a fantastic success for the Highland Capital and the language. "

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



CK Events Director, Les Kidger said: “This is a great opportunity for the Gaelic language to work in conjunction with music in the Highlands and we are pleased to be supporting this, at this year’s *Summer in the City* events”

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Alasdair MacKinnon, Head of Finance & Corporate Services, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [alasdair@gaidhlig.org.uk](mailto:alasdair@gaidhlig.org.uk) or phoning 01463 225 454.**